



Rianachd Chunnartan is Poileasaidhean

Poileasaidh Àrainneachd

Tha am poileasaidh seo na phàirt den cho-chruinneachadh de phoileasaidhean aig Fèisean nan Gàidheal

An Ceann-latha air an d' fhuair e aonta	21.03.2018
Adhbhar	Gus uallach mun àrainneachd a bhrosnachadh taobh a-staigh na buidhne, agus sa choimhearsnachd, a thaobh a bhith a' cleachdadh cumhachd, sgudal is ath-chuairteachadh, còmhail is siubhal.
Geàrr-iomradh	A' brosnachadh agus a' cuideachadh dhaoine gus piseach a thoirt agus dìon a chur air an àrainneachd, agus a' brosnachadh buill Fèisean nan Gàidheal agus daoine a tha a' gabhail pàirt sna Fèisean gu bhith cùramach mun àrainneachd.



Poileasaidh Àrainneachd Fèisean nan Gàidheal

Aithris air a' Phoileasaidh

Tha sinn air cur romhainn gun cùm sinn oirnn a' dèanamh barrachd gus dìon a chur air an àrainneachd agus nas lugha cron a dhèanamh oirre agus gun dèan sinn soilleir gu bheil e mar uallach cudromach air daoine sna h-oifisean againn agus sa choimhearsnachd a bhith a' dèanamh feum èifeachdach de ghoireasan is stòrasan.

Am Poileasaidh

Tha e na amas do dh'Fhèisean nan Gàidheal daoine a bhrosnachadh gu bhith a' toirt piseach is a' cur dìon air an àrainneachd sna coimhearsnachdan ionadail sam bi sinn ag obair, agus san t-saoghal air fad.

Gus modhan-rianachd matha a thaobh na h-àrainneachd a bhrosnachadh air feadh na buidhne, tha Fèisean nan Gàidheal a' toirt seachad an stiùireadh practaigeach seo do luchd-obrach is Fèisean, gus am poileasaidh àrainneachd againn a chur air adhart agus a dhaingneachadh agus gus sealltainn do dhaoine mar a chleachdar goireasan is stòrasan ann an dòigh sheasmhach agus gus stad a chur air cleachdaidhean caithteach is millteach.

Gus am bi tuigse cheart aig daoine air agus gus an cuirear cuideam air dleastanasan àrainneachd na buidhne, tha poileasaidh Fèisean nan Gàidheal a' gabhail a-steach na leanas:

1. A' Cleachdadh Cumhachd is Uisge
2. Sgudal agus Ath-chuairteachadh
3. Còmhdhail is Siubhal
4. Obair Gleidhidh is Glanadh
5. Sa Choimhearsnachd

1 A' Cleachdadh Cumhachd is Uisge

Brosnaichidh Fèisean nan Gàidheal daoine gu gnìomhach gus oidhirpean a dhèanamh gus an uiread cumhachd a thathar a' cleachdadh air feadh na buidhne a lùghdachadh, an dà chuid sna h-oifisean againn agus an lùib ar n-obrach sa choimhearsnachd. Obraichidh sinn gus lùghdachadh a thoirt air na th' ann de ghasan is stuthan truailidh eile, a tha a' cur ri atharraichean sa ghnàth-shìde, a tha air an sgaoileadh mar thoradh air an obair againn.

Nì sinn na leanas:

- Nì sinn cinnteach gu bheil solais is uidheamachd dealain air an cur dheth nuair nach eil feum orra, agus chan fhàg sinn uidheamachd ann am modh 'stand-by' ach nuair a dh'fheumas sinn, mar eisimpleir, gus an urrainnear lethbhreac a dhèanamh de dhàta airson a ghleidheadh air siostam eile taobh a-muigh na h-oifis.
- Cleachdaidh sinn bolgain-solais nach eil a' cosg an uiread cumhachd nuair as urrainn dhuinn, agus nuair a tha sinn a' cur solais ùra an sàs, cleachdaidh sinn solais nach eil a' cosg uiread cumhachd.
- Nì sinn oidhirp gus an uiread as lugha as urrainn dhuinn de chumhachd a chleachdadh, mar eisimpleir, le bhith a' cur teas nan uidheaman-teasachaidh chun na h-ìre ceart airson na sìde.
- Bheir sinn sùil air cho èifeachdach 's a tha bathar ùr agus dè an uiread de chumhachd a tha e a' cosg mus ceannaich sinn e.
- Nì sinn cinnteach, cho fad 's as urrainn dhuinn, gu bheil stuthan seasgairreachd iomchaidh sna togalaichean againn agus uinneagan le dà leòsan gus nach caill iad uiread teas.
- Nì sinn oidhirp gus nas lugha uisge a chleachdadh sna togalaichean againn, mar eisimpleir, le bhith a' cur thoidhleatan a-steach le diofar sheòrsaichean sruthlachaidh agus le bhith a' cosg nas lugha cumhachd air teasachadh uisge agus sinn a' cleachdadh uidheamachd a theasaicheas uisge dìreach nuair a tha uisge teth a dhìth.

2 Sgudal agus Ath-chuairteachadh

Tha e mar phrìomhachas don bhuidhinn lùghdachadh a thoirt air an sgudal a bhios ann mar thoradh air an obair againn, agus tha a' bhuidheann a' moladh ath-chleachdadh an àite ath-chuairteachadh, thoradh tha e nas èifeachdaiche, agus thathar a' cosg nas lugha cumhachd le sin. Tha Fèisean nan Gàidheal a' brosnachadh dhaoine gu bhith a' gleidheadh, ag ath-chleachdadh, ag ath-chuairteachadh agus a' dèanamh feum às ùr de na stòrasan is goireasan aca.

Nì sinn na leanas:

- Cleachdaidh sinn cho beag pàipeir 's as urrainn dhuinn san oifis.

- Nì sinn cinnteach gun tèid pàipear a chleachdadh a-rithist, ma ghabhas sin dèanamh gu practaigeach, mus tèid ath-chuairteachadh.
- Thèid a h-uile pìos pàipeir, nach gabh cleachdadh a-rithist, ath-chuairteachadh.
- Iarraidh sinn air daoine gun sgrìobhainnean a chlò-bhualadh nuair as urrainnear an toirt seachad ann an cruth didseatach.
- Nì sinn cinnteach, nuair a dh'fheumar sgrìobhainnean a chlò-bhualadh, gun tèid an dà thaobh den phàipear a chleachdadh.
- Nì sinn uiread conaltraidh as urrainn dhuinn tro mheadhanan didseatach, gus nach cosg sinn uiread pàipeir, a' gabhail a-steach chèisean.
- Cleachdaidh sinn cho beag stuthan pacaigidh as urrainn dhuinn.
- Feuchaidh sinn ri stuthan pàipeir ath-chuairtichte agus stuthan pàipeir a ghabhas ath-chuairteachadh a cheannach.
- Feuchaidh sinn ri bathar fhaighinn a tha nas èifeachdaiche agus a nì nas lugha cron air an àrainneachd.
- Cleachdaidh sinn bataraidhean a ghabhas cumhachd a-rithist.
- Nì sinn todhar gàrraidh de sgudal organach mar phocanan-tì is rùsg mheasan.
- Brosnaichidh sinn daoine, ann an clasaichean ealain nam Fèisean, gu bhith a' dèanamh "ealain sgudail" le bhith a' cleachdadh sgudal mar thiùbaichean cairt, pàipear, bogsaichean uighean, aodach, msaa, agus faodaidh iad na rudan sin a chur còmhla ri fiodh-cladaich, molagan, duilleagan craibhe, no clòimh caorach.

Bu chòir do luchd-obrach is na Fèisean ionnsachadh mu far a bheil na h-ionadan ath-chuairteachaidh san sgìre aca agus na goireasan sin a chleachdadh mar as iomchaidh.

A rèir nan Riaghailtean Sgudail (Alba) 2012, nì sinn na leanas:

- Ath-chuairtichidh sinn gu cunbhalach diofar sheòrsaichean pàipeir, cairt, botail phlastaig, poitean, treidhichean, tionnaichean bìdh, canaichean dheochan, aerosolan, cartanan bìdh is dheochan.
- Ath-chuairtichidh sinn glainne aig Ionadan Ath-chuairteachadh Glainne.
- Cuiridh sinn aodach sam bith chun an Stòrais Aodaich.

3 Còmhdhail is Siubhal

A dh'aindeoin nan diofar sgìrean sa bheil oifisean Fèisean nan Gàidheal stèidhichte agus mar a tha sinn a' toirt taic do dh'obair ann an iomadh ceàrnaidh den dùthaich, molaidh sinn dòighean siubhail eile seach càraichean prìobhaideach nuair a ghabhas sin dèanamh. Nuair a tha daoine a' siubhal a dh'àite às leth na buidhne, bu chòir dhaibh oidhirp iomchaidh a dhèanamh gus siubhal le còmhdhail phoblach nuair a tha e pragtaigeach sin a dhèanamh. Bu chòir daoine a bhrosnachadh gu bhith coiseachd no a' falbh san aon chàr còmhla nuair a tha iad a' siubhal, nuair a tha e iomchaidh.

Nì sinn na leanas:

- Feuchaidh sinn ri dèanamh cinnteach nach fheum daoine siubhal cho tric, agus iad a' siubhal dìreach nuair a dh'fheumas iad.
- Nì sinn cinnteach gun cleachdar dòighean conaltraidh eile leithid choinneamhan Skype no coinneamhan-fòn nuair as urrainnear.
- Nì sinn barrachd oidhirp gus frithealadh air na feumalachdan a th' aig daoine a tha a' cleachdadh còmhdhail phoblach no baidhsagalan.
- Brosnaichidh sinn daoine gu bhith a' cleachdadh charbadan a tha nas fheàrr don àrainneachd nuair a tha sin freagarrach.
- A thuilleadh air a bhith a' tomhas sgaoilidhean a thig bhon uiread cumhachd a chleachdas sinn is na chleachdas sinn de dh'uisge, agus na th' ann de sgudal a tha tighinn bhon obair againn (an dà chuid sgudal a thèid a chur gu làrach-sgudail agus sgudal a thèid ath-chuairteachadh), cumaidh sinn oirnn a' cur fiosrachadh gu Cruthachail le Carbon an Alba gach bliadhna air sgaoilidhean carboin a dh'èireas bhon t-siubhal a nì ar luchd-obrach, Buill Bùird agus oidean, agus coimheadaidh sinn feuch an gabh ar sgaoilidhean carboin a lùghdachadh.
- Cumaidh sinn oirnn ag obair còmhla ri Cruthachail le Carbon an Alba agus sinn a' planadh gus lùghdachadh a thoirt air ar sgaoilidhean carboin tro ìre 2 den Phlana Rianachd Carboin a thèid a chur an gnìomh bho 1 Giblean 2018.

4 Obair Gleidhidh is Glanadh

Nì sinn na leanas:

- Cleachdaidh sinn stuthan-glainaidh a tha nas fheàrr don àrainneachd.
- Cleachdaidh sinn bathar far an gabh an soitheach/crogan msaa a lìonadh a-rithist nuair as urrainn dhuinn, mar eisimpleir le siabann lionnach.
- Nì sinn cinnteach gum bi stuthan sam bith a thèid a chleachdadh ann an obair ath-nuadhachaidh air ar n-oifisean cho math don àrainneachd 's as urrainnear, leithid fiodh bho choilltean seasmhach.

- Cleachdaidh sinn buidhnean freagarrach a-mhàin gus cuidhteas fhaighinn de sgudal.

5 Sa Choimhearsnachd

Nuair a tha Fèisean nan Gàidheal agus/no na Fèisean ag obair sa choimhearsnachd, nì iad na leanas:

- Cleachdaidh iad goireasan coimhearsnachd, gnothachasan is luchd-solair ionadail, nuair a tha iad ann agus mar as iomchaidh, gus lùghdachadh a thoirt air sgaoilidhean carboin agus airson taic a thoirt don choimhearsnachd.
- Aontaichidh iad ri rudan a cheannach airson adhbharan beusanta, nuair a ghabhas sin dèanamh.
- Brosnaichidh iad daoine gu bhith a' gabhail uallach airson na h-àrainneachd agus gu bhith a' faighinn tuigse oirre, agus gu bhith a' dol an sàs ann an cùisean àrainneachd agus iad a' tarraing aire muinntir nam Fèisean agus nan coimhearsnachdan sa bheil sinn ag obair gu na cùisean sin.

Stiùireadh agus na modhan-obrach gus am poileasaidh a chur an gnìomh

Tha Fèisean nan Gàidheal a' gabhail uallach airson a bhith a' foillseachadh a' phoileasaidh seo agus a bhith a' sgaoileadh fios mu na molaidhean a th' ann. Tha sinn a' gabhail ris gu bheil e mar uallach air luchd-obrach cuideachadh le bhith a' dìon na h-àrainneachd agus nuair a tha ùidh aig luchd-obrach ann an cùisean àrainneachd, bheir sinn tuilleadh brosnachaidh dhaibh gus a dhol an sàs san obair seo, agus nì sinn cinnteach gun coilean iad na dleastanasan aca a thaobh na h-àrainneachd. Iarraidh sinn air luchd-obrach a dhol an sàs ann a bhith a' coileanadh a' phoileasaidh seo, airson dèanamh cinnteach gu bheil daoine a' toirt barrachd taice dha agus gun tèid a chur an sàs gun ìre as fheàrr as urrainnear. Tha sinn air gaisgeach na h-àrainneachd a chur an dreuchd, agus bheir sinn barrachd fiosrachaidh do luchd-obrach air cùisean àrainneachd tro thrèanadh. Bruidhnidh sinn mun phoileasaidh seo agus cùisean gnothachais co-cheangailte ris aig na coinneamhan luchd-obrach mìosail againn, mar as iomchaidh, agus còmhla ris na Fèisean ann an diofar shuidheachaidhean.

Thèid ath-sgrùdadh is ùrachadh a dhèanamh air a' phoileasaidh seo gu cunbhalach nuair a bhios e feumach air.